


STORYWORLDS



An crodh Gaidhealach



Jill Atkins • Shelagh McNicholas

An crodh Gaidhealach



An teacs a Jill Atkins
Na dealbhan Shelagh McNicholas
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnail

STÒRLANN • ACAIR



A h-uile samhradh bhiodh Alison a' dol a dh'fhuireach greis còmhla ri a seanair agus a seanmhair ann an Alba. Latha bha siud choimhead Alison a-mach air an uinneig. Chunnaic i crodh Gaidhealach anns a' phàirc. Bha iad mòr, giobach le adhaircean fada.



An uair sin chunnaic i dà bhalach mhòr ri taobh a' gheata. Dh'fhosgail na balaich an geata agus chaidh iad a-steach dhan phàirc. "Dè tha iad a' dèanamh?" ars Alison.



Dìreach an uair sin dh'èigh Granaidh,
“Trohad gud bhiadh, Alison.”

Ruith Alison sìos an staidhre cho luath
's a b' urrainn dhi.

Ruith i a-null chun
a' bhùird cho luath
is gun do dhòirt i an
teatha.



“Alison! Na bi a' ruith am broinn an
taighe,” thuirt Granaidh.

“S fhèarr dhut a dhol a-mach
a chluich nuair a ghabhas tu do bhiadh.”





Cho luath 's a ghabh Alison a biadh chaidh i a-null gu taigh Sheumais.

“An tig thu a-mach a chluich?” dh'fhaighnich i.

“Thig,” thuir Seumas. “Faodaidh sinn a dhol a choimhead air a' chrodh Ghaidhealach.”

“Tha an t-eagal orm romhpa,” ars Alison.

“Cha toil leam na h-adhaircean fada aca, ach thig mi còmhla riut.”



Nuair a bha Seumas agus Alison a' coiseachd suas an rathad chunnaic iad bò air an rathad.

“Ciamar a fhuair thusa a-mach?” thuir Seumas.

“Feumaidh gur e na balaich a chunnaic mise a leig a-mach i,” thuir Alison.

“Dhìochuimhnich iad an geata a dhùnadh.”

Ach chunnaic iad tuilleadh dhen chrodh
a' tighinn a-mach às a' phàirc.
"Tugainn dhachaigh," ars Alison.
"Cha tèid, feumaidh sinn an tuathanach
a chuideachadh," thuirt Seumas.
"Thèid mi a dh'innse dha."
"Thig mise còmhla riut," ars Alison.
"Cha tig," thuirt Seumas.
"Fuirich thusa an seo.
Feumaidh tu coimhead às dèidh a' chruidh."



Ruith Seumas a
dh'iarraidh an
tuathanaich.
"Tha eagal orm ron
chrodh!" dh'èigh Alison.
Ach cha chuala
Seumas i.



Choimhead Alison ris a' bhoin
agus choimhead a' bhò ri Alison.



An sin chunnaic i bata air an talamh.
Mhaoidh i am bata air a' bhoin.
Cha do ghluais a' bhò.



“Fhalbh!” thuir Alison rithe, agus i
a' crathadh a' bhata. “Mò,” thuir
a' bhò, agus thionndaidh i mu chuairt
agus air ais dhan phàirc.



Chrath Alison am bata ri bò eile.
“Till!” thuir i. “Till às a sin!”
Thill a' bhò sin dhan phàirc.
“Chan eil uiread de dh'eagal orm a-nis,”
thuir Alison, agus i a' crathadh a' bhata
o thaobh gu taobh.
Thill i an crodh uile air ais dhan phàirc.



Cho luath 's a bha a' bhò mu dheireadh
air a dhol a-steach dhùin Alison an geata.
Thàinig Seumas agus an tuathanach nan
ruith a-nuas an rathad.



“Càit an deach an crodh?”
dh'fhaighnich Seumas.

“Ciamar a fhuair iad uile air ais dhan
phàirc?” dh'fhaighnich an tuathanach.
Sheall Alison am bata dhaibh.

“Bhruidhinn mi gu socair riutha,”
thuirt i. “Rinn thu math dha-rìribh,”
ars an tuathanach.

“Tugainn agus innsidh sinn dhad sheanmhair.”



Mar sin chaidh iad uile air ais gu taigh Granaidh.

Dh'innis an tuathanach dha Ghranaidh mar a chuir Alison an crodh uile air ais dhan phàirc.

“An robh an t-eagal ort?” dh'fhaighnich Granaidh.

“Uill, bha beagan,” fhreagair Alison.

An ath latha dh'fhaighnich Granaidh dha Alison an robh i airson a dhol air cuairt bhig. Dh'fhalbh iad sìos an rathad agus thàinig iad gu geata na pàirce.



“Nach tèid sinn tron phàirc?” ars Alison.

“Cha tèid,” arsa Granaidh.

“Cha chreid mi gun tèid.”





“A Ghranaidh, a bheil eagal oirbh ron chrodh?” thuirt Alison.

“Uill, tha beagan,” fhreagair Granaidh.

“Uill, chan eil eagal ormsa idir a-nis,” thuirt Alison.

“Bheir mise an aire oirbh.”

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS
MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO
IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Jill Atkins 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004
10 9 8

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Jill Atkins a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 618 X